



Clackmannanshire
Council

www.clacks.gov.uk

Comhairle Siorrachd
Chlach Mhanann

Gaelic Language Plan

Plana Gàidhlig

2020/2025

This plan has been prepared under Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005

Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

FOREWORD

Clackmannanshire Council is committed to the use and promotion of the Gaelic language in recognition of its status as one of Scotland's national languages and its unique contribution to the Scotland diverse culture. In taking forward the implementation of this plan we recognise that our contribution will help to sustain and develop the Gaelic language and its place as an integral part of Scotland's heritage. This plan sets out the practical steps which Clackmannanshire Council will take to support Gaelic language.

Ellen Forson

Council Leader
Clackmannanshire
Council

Nikki Bridle

Chief Executive
Clackmannanshire
Council

FACAL-TÒISEACHAIDH

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann dealasach a thaobh a bhith a' cleachdadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig agus i ag aithneachadh a h-inbhe mar thè de chànanan nàiseanta na h-Alba agus ag aithneachadh na tha i a' cur ri cultar eadar-mheasgte na h-Alba. Ann a bhith a' cur an gnìomh a' phlana seo, tha sinn ag aithneachadh gun cuidich an obair a nì sinn le bhith a' cumail suas agus a' leasachadh na Gàidhlig agus a h-àite mar phàirt bhunaiteach de dhualchas na h-Alba. Tha am plana a' cur air adhart nam prìomh cheuman a bhios Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' gabhail gus taic a chumail ris a' Ghàidhlig.

Ellen Forson

Ceannard na Comhairle
Comhairle Siorrachd
Chlach Mhanann

Nikki Bridle

Àrd-oifigear
Comhairle Siorrachd
Chlach Mhanann

Contents

Summary _____ 3

Chapter 1 Introduction _____ 5

- Description of the public authority
- Gaelic in the authority's area of operation
- Approval of our Gaelic Language Plan

Chapter 2 Core Commitments _____ 8

- Identity
- Communications
- Publications
- Staffing

Chapter 3 Policy Implications for Gaelic: implementing the National Gaelic Language Plan _____ 19

- Language Acquisition
- Language Usage
- Language Status
- Language Corpus

Chapter 4 Implementation and Monitoring _____ 25

Clàr-innse

Geàrr-chunntas _____ 3

Caibideil 1 Ro-ràdh _____ 5

- Fiosrachadh mun ùghdarras phoblach
- Gàidhlig ann an sgìre obrach an ùghdarrais
- Aonta dhan Plana Gàidhlig againn

Caibideil 2 Prìomh Ghealltanasan _____ 8

- Dearbh-aithne
- Conaltradh
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

Caibideil 3 Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig _____ 19

- Togail cànan
- Cleachdadh cànan
- Inbhe cànan
- Corpas cànan

Caibideil 4 Buileachadh agus Sgrùdadh ___ 25

Summary

Clackmannanshire Council recognises that Gaelic is an integral part of Scotland's heritage, national identity and cultural life.

This document is Clackmannanshire's Gaelic Language Plan and has been prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It sets out how we will use Gaelic in the operation of our functions, how we will enable the use of Gaelic when communicating with the public and key partners, and how we will promote and develop Gaelic in Clackmannanshire

This Plan has been prepared in accordance with statutory criteria set out in the 2005 Act, and having regard to the National Gaelic Language Plan and the Guidance on the Development of Gaelic Language Plans.

The key components of our Gaelic Language Plan are:

Chapter 1 – Introduction

This chapter provides the background and context relating to the preparation of Gaelic Language Plans under the 2005 Act and the structure of Clackmannanshire Councils main areas of operation. It also provides a summary of the demography of the Gaelic language.

Chapter 2 – Core Commitments

This chapter sets out how Clackmannanshire Council will use, and enable the use of Gaelic. It covers key areas of operation such as corporate identity, signage, communication with the public and the use of Gaelic on our website.

Chapter 3 – Policy Implications for Gaelic: implementing the National Gaelic Language Plan

This chapter sets out how Clackmannanshire Council will help implement the National Gaelic Language Plan.

Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bhunaiteach de dhualchas, fèin-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig ann an Siorrachd Chlach Mhanann.

Chaidh am plana seo a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

'S iad seo na prìomh eileamaidean anns a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh a' Phlana Ghàidhlig againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus mu structar prìomh raointean obrach Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann. Tha e cuideachd a' toirt seachad geàrr-chunntas air deamografaidh na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Bun-dhleastanasan

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' Ghàidhlig agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach. Tha i a' coimhead air raointean obrach mar dhearbh-aithne chorporra, soidhnichean, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn againn.

Caibideil 3 – Buidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus buileachadh Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a bhios Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' cuideachadh gus Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh.

Chapter 4 – Implementation and Monitoring

This chapter sets out how the implementation of our Gaelic Language Plan will be taken forward, and how implementation and outcomes will be monitored.

Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a thèid am plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh agus toraidhean.

CHAPTER 1 - INTRODUCTION

Setting the Context for Developing Gaelic Language Plans

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005 was passed by the Scottish Parliament with a view to securing the status of the Gaelic language as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.

One of the key features of the 2005 Act is the provision enabling Bòrd na Gàidhlig to require public authorities to prepare Gaelic Language Plans. This provision was designed to ensure that the public sector in Scotland plays its part in creating a sustainable future for Gaelic by raising its status and profile and creating practical opportunities for its use.

Clackmannanshire Council has previously consulted on the draft of its Gaelic Language Plan and has taken into account representations made to it during the consultation process.

Background Information about the public authority

Clackmannanshire Council is Scotland's smallest mainland Council and is bordered by Falkirk, Perth and Kinross, Fife and Stirling Councils. Clackmannanshire has a population of approximately 51,400 residents and covers an area of 61 square miles. Alloa is the largest settlement area in the County with a population of around 21,000.

Clackmannanshire Council's main Headquarters are based in heart of Alloa. The Council has in the region of 2500 employees making it one of the largest employers in the County. There are 18 Councillors and 5 multi member wards each represented by 3 or 4 elected members.

Further information on the Council and Clackmannanshire can be found here <https://www.clacks.gov.uk/council/factsandfigures/>

CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

A' stèidheachadh Co-theacsa airson Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air co-chonaltradh a dhèanamh mar-thà air an dreachd Plana Gàidhlig agus tha i air na beachdan a chaidh a thoirt dhi tron phròiseas co-chomhairleachaidh a thoirt fa-near.

Cùl-fhiosrachadh mun ùghdarras phoblach

'S e Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' Chomhairle as lugha ann an tìr-mòr na h-Alba agus tha i air a cuairteachadh le Comhairlean na h-Eaglais Brice, Pheairt is Cheann Rois, Fhìobha agus Shruighlea. Tha sluaigh de mu 51,400 ann an Siorrachd Chlach Mhanann agus tha i mu 61 mìltean ceàrnach uile gu lèir. 'S e Almhagh am baile as motha san t-Siorrachd le mu 21,000 a' fuireach ann.

Tha prìomh oifisean Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann stèidhichte ann an cridhe Almhagh. Tha timcheall air 2500 luchd-obrach aig a' Comhairle agus mar sin, tha i air aon de na fastaichean as motha san t-Siorrachd. Tha 18 Comhairlichean ann a tha a' riochdachadh 5 uàrdan-taghaidh ioma-bhall, le 3 no 4 ball aig gach uàrd.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Chomhairle agus mu Shiorrachd Chlach Mhanann aig <https://www.clacks.gov.uk/council/factsandfigures/>

Corporate Priorities

Along with our partners Clackmannanshire Council has agreed 4 long term strategic outcomes and these are reflected in our Local Outcome Improvement Plan 2017/27. <https://www.clacks.gov.uk/document/5633.pdf>

In support of these long term outcomes the Council has agreed a 5 year Corporate Plan. Our vision Be the Future is that 'we will be a valued, responsive, creative organisation, through collaboration, inclusive growth and innovation, to improve the quality of life for every person in Clackmannanshire'.

The plan sets out the 6 priorities we will take to focus our efforts on. These are:

- Inclusive Growth, Jobs and Employability
- Reducing Child Poverty
- Raising Attainment
- Sustainable Health and Social Care
- Empowering Families and Communities
- Organisational Transformation

Prìomhachasan Corporra

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann agus a com-pàirtichean air aontachadh ri 4 amasan ro-innleachdail san fhad-ùine còmhla ris na com-pàirtichean againn agus tha iad sin rim faicinn anns a' Phlana Leasachaidhean Builean Againn airson 2017/27. <https://www.clacks.gov.uk/document/5633.pdf>

Tha a' Chomhairle air Plana Corporra 5 bliadhna aontachadh gus taic a chumail ris na molaidhean fad-ùine seo. 'S e an lèirsinn againn "Be the Future" gum bi sinn 'nar buidheann fhreagairteach, chruthachail, anns a bheilear a' cur luach tro cho-obrachadh, fàs in-ghabhalach agus ùr-ghnàthachadh, gus càileachd beatha gach neach ann an Siorrachd Chlach Mhanann a leasachadh'.

Tha am plana a' mìneachadh nan 6 prìomhachasan air an toir sinn cuideam. Is iad sin:

- Fàs in-ghabhalach, Obraichean agus Comas-obrach
- A bhith a' lùghdachadh Bochdainn Chloinne
- A bhith ag àrdachadh Ìrean Coileanaidh
- Slàinte is Cùram Sòisealta Seasmhach
- A bhith a' cumhachdachadh theaghlaichean is coimhearsnachdan
- A bhith a' toirt Cruth-atharrachadh air a' Bhuidhinn

Gaelic within the authority's area of operation.

Current evidence indicates that Clackmannanshire does not have a large Gaelic speaking community. The 2011 Census highlighted 180 people in Clackmannanshire who understand but do not speak, read or write Gaelic, with 134 people who speak, read and write Gaelic. The Census in 2021 clearly brings an opportunity to update our understanding of the Clackmannanshire population who do converse in Gaelic.

Despite relatively low use of Gaelic in Clackmannanshire, there are clear indications of Gaelic origins in the County. The names Clackmannanshire, Coalsnaughton, Tillicoultry and Muckhart all have Gaelic origin with Muckhart Primary Schools badge showing a boars head image reflecting the translation of 'pig height' of the settlement name.

Currently a small number of pupils attend Gaelic Education from Clackmannanshire. These pupils currently attend Riverside Primary in Stirling.

Within Clackmannanshire there are two Gaelic organisations situated in Clackmannanshire. Croileagan Clach Mhanainn is a Gaelic Medium pre-school group for children aged 0-5. Croileagan Clach Mhanainn is based in Menstrie. Children are introduced to the Gaelic language through the medium of song and play.

There is also a multi-level Gaelic Language class which runs term time at the Ben Cleuch Centre in Tillicoultry. The class supports beginners to intermediate language levels and is taught using small groups and whole class approaches so that learners can not only learn from the tutor, but from the support of others.

Gàidhlig taobh a-staigh sgìre ùghdarrais na buidhne.

Tha fianais làithreach a' sealltainn nach eil coimhearsnachd Ghàidhlig mhòr ann an Siorrachd Chlach Mhanann aig an àm seo. Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gun robh 180 daoine ann an Siorrachd Chlach Mhanann a tha a' tuigsinn na Gàidhlig ach nach eil comasach air a bruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh, le 134 daoine a tha comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh. Tha an Cunntas-sluaigh ann an 2021 a' toirt dhuinn cothrom a bhith ag ùrachadh na tuigse againn air na daoine ann an Siorrachd Chlach Mhanann a chleachdas a' Ghàidhlig

Ged a tha ìre cleachdaidh na Gàidhlig anns an Siorrachd Chlach Mhanann gu math ìosal, tha e follaiseach gu bheil eachdraidh Ghàidhlig aig an t-Siorrachd. Tha tùs Gàidhlig aig ainmean Siorrachd Chlach Mhanann, Cois Neachdain (Coalsnaughton), Tulach Cultraidh (Tillicoultry), agus Muc-Àird (Muckhart) agus tha ceann tuirc air baidse Sgoile Mhuc-Àird, mar thoradh air ainm a' bhaile.

Tha beagan sgoilearan ann an Siorrachd Chlach Mhanann a' frithealadh Foghlam Gàidhlig. Bidh na sgoilearan seo a' frithealadh Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne ann an Sruighlea.

Tha dà bhuidhinn Ghàidhlig suidhichte ann an Siorrachd Chlach Mhanann. Tha Croileagan Chach Mhanainn na bhuidheann ro-sgoile do chloinn aois 0-5. Tha Croileagan Clach Mhanainn Stèidhichte ann am Meanstraidh. Gheibh clann eòlas air a' Ghàidhlig tro òrain is cluich.

Tha clas Gàidhlig ann aig diofar ìrean a bhios a' ruith tron teirm ann an Ionad Ben Cleuch ann an Tulach Cultraidh. Bidh an clas a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh bho ìre luchd-tòiseachaidh gu ìrean eadar-mheadhanach agus tha e air a theagasg a' cleachdadh buidhnean beaga agus dòighean-obrach làn-chlas gus nach bi an luchd-ionnsachaidh ag ionnsachadh bhon oide a-mhàin, ach bho chàch a chèile cuideachd.

CHAPTER 2 - CORE COMMITMENTS

This Plan identifies a number of priorities for Clackmannanshire in implementing the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 and delivering the National Gaelic Language Plan for Scotland. Bord na Gaidhlig has proposed a number of high level aims for Clackmannanshire and these have been agreed by the Scottish Minister for Learning, Science and Scotlands Languages.

The High-Level Aims identified in this plan are broadly reflected in four Core Commitments identified by the Bord na Gaidhlig as essential components in Gaelic language regeneration. These commitments are;

- Identity
- Communications
- Publications
- Staffing

Clackmannanshire Council has already made progress against a number of these commitments. We have revised our Corporate logo and branding to reflect both Gaelic and English languages and have replaced a number of key signs and fleet vehicles to incorporate Gaelic translation on a new/replacement basis. We have created webpages on our Council website to provide information on Gaelic education and learning provision and opportunities available in Clackmannanshire. We have also ensured that all external emails footers from Clackmannanshire Council demonstrate equal respect for languages.

The following pages set out the actions that we will take under each of the high level aims over the course of this Gaelic Language Plan 2020/25.

CAIBIDEIL 2 - BUN-DHLEASTANASAN

Tha am Plana seo a' comharrachadh grunn phrìomhachasan airson Siorrachd Chlach Mhanann airson a bhith a' buileachadh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' libhrigeadh Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig do dh'Alba. Tha Bòrd na Gàidhlig air grunn amasan àrd-ìre a mholadh airson Siorrachd Chlach Mhanann agus chaidh an aontachadh leis a' Mhinistear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Chànanan na h-Alba.

Tha na h-Amasan Àrd-ìre a tha air an comharrachadh sa phlana seo gu ìre mhòr a rèir nan ceithir Bun-dhleastanasan a chaidh a chomharrachadh le Bòrd na Gàidhlig mar eileamaidean deatamach ann an ath-bheothachadh na Gàidhlig. Is iad na gealltanasan:

- Dearbh-aithne
- Conaltradh
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air adhartas a dhèanamh le grunn de na gealltanasan seo mar-thà. Tha sinn air an suaicheantas agus branndadh corporra againn ath-sgrùdadh gus an dà chuid Gàidhlig agus Beurla a shealltainn agus tha sinn air grunn phrìomh shoidhnichean agus charbadan ùrachadh le Gàidhlig orra air stèidh ùr/ath-nuadhachaidh. Tha sinn air duilleagan a chruthachadh air làrach-lìn na Comhairle: le fiosrachadh air foghlam, ionnsachadh is cothroman Gàidhlig ann an Siorrachd Chlach Mhanann. Tha sinn cuideachd air dèanamh cinnteach gu bheil na h-earr-sgrìobhaidhean puist-d a' nochdadh meas cho-ionann dhan dà chànan.

Tha na duilleagan a leanas a' mìneachadh nan gnìomhan a nì sinn fo gach fhear de na h-amasan àrd-ìre anns a' Phlana Gàidhlig seo airson 2020/25.

CHAPTER 2 - CORE COMMITMENTS

Section 1 - Identity

The presence of Gaelic in the corporate identity and signs of a public authority greatly enhances the visibility of the language, increases its status and makes an important statement about how Gaelic is valued and how it is given recognition. Developing the use of Gaelic through signage can also enrich the vocabulary of Gaelic users, raise public awareness of the language and contribute to its development.

Clackmannanshire Council recognises the importance of extending the visibility of Gaelic and increasing its status.

Objectives	Current Status	Actions	Target Date	Lead
Render the corporate logo bilingual (Gaelic and English) at the earliest opportunity, demonstrating equal respect for the languages and roll-out accordingly across the authority, on a new or replacement basis.	Clackmannanshire Council has developed a new logo and branding which reflects both English and Gaelic language. This logo is printed on all corporate documents and plans.	We will continue to promote the use of the logo as part of our brand management approaches, and will keep under review in line with corporate branding reviews	Dec 2020	Partnership and Transformation.
Demonstrate how Clackmannanshire will contribute to the status of Gaelic in Scotland through bilingual (Gaelic and English, demonstrating equal respect) signage, in co-operation with Transport Scotland where appropriate, on a new or replacement basis.	Clackmannanshire Council has made good progress with signage for Council buildings and other signage incorporating Gaelic translation.	We will continue to renew our signage on a new/replace basis that demonstrates both English and Gaelic language.	Over the lifespan of the plan	Place

CAIBIDEIL 2 - BUN-DHLEASTANASAN

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Faodaidh Gàidhlig anns an aithne chorporra agus anns na soidhnichean aig ùghdarras poblach cur gu mòr ri faicsinneachd a’ chànain, agus tha e na theachdaireachd gu bheil an t-ùghdarras poblach a’ cur meas air a’ Ghàidhlig agus air mar a bhios e a’ toirt àite dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cur cuideachd ri briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, mothachadh poblach dhan chànain a thogail agus cur ri a leasachadh.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' cur ris an inbhe aice.

Amasan	An suidheachadh làithreach	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Stiuireadh
Cuir cruth dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) air an t-suaicheantas chorporra aig a’ chothrom as tràithe, a’ nochdadh spèis cho-ionann do na cànanan, agus sgaoil air feadh an ùghdarras air stèidh ùr/ùrachaidh.	Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air suaicheantas agus branndadh a chruthachadh a tha a’ cleachdadh an dà chuid Beurla agus Gàidhlig. Tha an suaicheantas air a chlà-bhualadh air gach sgrìobhainn agus plana corporra.	Cumaidh sinn oirnn a’ brosnachadh cleachdadh an t-suaicheantais mar phàirt de mhodhan riaghlaidh a’ bhrannd againn, agus cumaidh sinn fo sgrùdadh e a rèir lèirmheasan air branndadh corporra.	An Dùbhlachd 2020.	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh.
Seall mar a bhios Siorrachd Chlach Mhanann a’ cur ri inbhe na Gàidhlig tro shoidhnichean dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla, a’ nochdadh co-ionannachd spèis) ann an co-obrachadh le Còmhdhail Alba, far a bheil seo iomchaidh, air stèidh ùr no ùrachaidh.	Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air deagh adhartas a dhèanamh le soidhnichean airson togalaichean na comhairle, agus air soidhnichean eile a tha a’ gabhail a-steach eadar-theangachadh Gàidhlig.	Cumaidh sinn oirnn le bhith ag ùrachadh nan soidhnichean againn ann an dòigh a tha a’ nochdadh an dà chuid a’ Ghàidhlig agus a’ Bheurla nuair a thèid soidhnichean ùra a chur suas no nuair a thèid soidhnichean ùra a chur an àite seann soidhnichean.	Fad beatha a’ phlana	Àite (Place)

Section 2 - Communications

The use of Gaelic at the initial point of contact that members of the public have with a public authority increases the visible and audible presence of the language, and contributes to the sense that the use of Gaelic is possible and welcome. In addition to raising the profile of the language, it also creates opportunities for its practical use and encourages members of the public to use Gaelic in subsequent dealings with the public authority.

The use of Gaelic in interactions with the authority by mail, e-mail and by telephone is important in creating practical opportunities for the use of the language, and in contributing to the sense that its use is possible and welcome. The presence of Gaelic in a wide range of bilingual forms and Gaelic only forms can also greatly enhance the visibility and prestige of the language. The preparation of Gaelic forms, applications and similar documents, can also assist in expanding the range of Gaelic terminology and the awareness of the Gaelic-speaking public of such terminology, thus helping the development of the language itself.

Clackmannanshire Council recognises the importance of creating opportunities for the practical use of Gaelic in a wide range of everyday situations and is committed to increasing its level of provision in this area.

Objectives	Current Status	Actions	Target Date	Lead
Establish a mechanism to allow Gaelic speakers to engage with Clackmannanshire Council through the medium of Gaelic if they choose to do so, based on the principal of active offer and equal respect (for Gaelic and English).	Clackmannanshire Council currently provides limited services to enable Gaelic speakers to engage with the Council, however we will further develop opportunities for our customers.	<p>We will offer a translation service (where reasonable warning is given) for attendance at public meetings or meetings with Council services.</p> <p>We will provide Gaelic awareness training to reception and contact centre staff.</p> <p>We will identify key customer leaflets and render bilingual demonstrating equal respect for languages.</p>	<p>Dec 2020</p> <p>March 2021</p> <p>Over lifetime of plan</p>	Partnership and Transformation

Earrann 2- Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a' phobaill agus ùghdarras poblach a' cur ri làthaireachd faicsinneach agus cluinntinneachd a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus gu bheil fàilte air seo. Cho math ri bhith ag àrdachadh làthaireachd a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman gus a cleachdadh agus tha e a' toirt misneachd dhan phoball Gàidhlig a chleachdadh ann an gnothaichean eile leis an ùghdarras poblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gun gabh Gàidhlig a chleachdadh agus gu bheil fàilte air seo. Tha làthaireachd dhan Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh'fhoirmean dà-chànanach agus ann am foirmean sa Ghàidhlig a-mhàin a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh dreachdan Gàidhlig de dh'fhoirmean, bileagan iarrtais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air farsaingeachd briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh luchd na Gàidhlig a thogail a thaobh an leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann mothachail air cho cudromach is a tha e cothroman a chruthachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha rùn aice cur ris an ìre de sholarachadh aice anns an raon seo.

Amasan	An suidheachadh làithreach	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Stiùireadh
Cuir an sàs siostam far an urrainn do luchd na Gàidhlig a bhith a' conaltradh le Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann tro mheadhan na Gàidhlig, stèidhichte air prionnsabal na tairgse gnìomhaich agus air co-ionannachd meas (dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla).	Aig an àm seo cha bhi Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' toirt seachad ach beagan sheirbheisean gus leigeil le luchd-labhairt na Gàidhlig conaltradh a dhèanamh leis a' Chomhairle, ach cruthaichidh sinn barrachd chothroman do na custamairean againn.	Tairgidh sinn seirbheis eadar-theangachaidh (far an tèid rabhadh reusanta air a thoirt seachad) airson coinneamhan poblach no coinneamhan le seirbheisean na Comhairle. Bheir sinn trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach ionadan-fàilte agus ionadan conaltraidh. Comharraichidh sinn na prìomh bhileagan do chustamairean agus cuiridh sinn ann an cruth dà-chànanach iad gus sealltainn gu bheil co-ionannachd spèis aig na cànanan.	An Dùbhlachd 2020. Am Màrt 2021 Thar beatha a' phlana	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh

Objectives	Current Status	Actions	Target Date	Lead
Increase in the profile of the Gaelic language in Clackmannanshire's communications.	Clackmannanshire Council currently provides some communications which include a Gaelic element, however we will develop this further.	<p>We will identify key forms which will be rendered bilingual, demonstrating equal respect for languages</p> <p>We will ensure that information on how to make a complaint to Clackmannanshire Council is rendered bilingual demonstrating equal respect for languages.</p> <p>We will communicate to all customer facing services that people contacting the Council and wishing a response in Gaelic must be provided a response in Gaelic.</p> <p>We will further develop our webpages on Gaelic education and learning opportunities.</p>	<p>Over lifetime of plan</p> <p>October 2021</p> <p>December 2020</p> <p>July 2020</p>	Partnership and Transformation
Comply with the rules of Gaelic Orthographic Conventions and utilise the services of Ainmean-aite na h-Alba as standard across all services	Clackmannanshire Council does not currently engage specific Gaelic translation services.	Clackmannanshire Council will adhere to the Gaelic Orthographics Convention in all translations undertaken to demonstrate equal respect for languages	Over lifetime of plan	Partnership and Transformation

Amasan	An suidheachadh làithreach	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Stiùireadh
Cuir ri pròifil na Gàidhlig ann an conaltraidhean Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan.	Bidh Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan a' toirt seachad beagan chonaltraidhean anns a bheil eileamaid Gàidhlig ach cuiridh sinn ris a seo.	<p>Comharraichidh sinn na prìomh fhoirmean do chustamairean agus cuiridh sinn ann an cruth dà-chànanach iad gus sealltainn gu bheil co-ionannachd spèis aig an dà chànan</p> <p>Nì sinn cinnteach gum bi fiosrachadh mu mar a nithear gearan do Chomhairle Siorrachd Chlach Mhannan air a thoirt seachad gu dà-chànanach, a' nochdadh spèis cho-ionann dhan dà chànan.</p> <p>Cuiridh sinn fios chun a h-uile seirbheis a tha a' dèiligeadh ris a' phoball gum feum daoine a tha a' conaltradh ris a' Chomhairle agus a tha ag iarraidh freagairt sa Ghàidhlig freagairt fhaighinn sa Ghàidhlig.</p> <p>Nì sinn obair leasachaidh a bharrachd air na duilleagan-lìn againn mu chothroman foghlaim is ionnsachaidh a thaobh na Gàidhlig.</p>	<p>Thar beatha a' phlana</p> <p>An Dàmhair 2021</p> <p>An Dùbhlachd 2020</p> <p>An t-luchar 2020</p>	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh
Leanaidh sinn riaghailtean Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig agus cleachdaidh sinn seirbheisean Ainmean-àite na h-Alba mar stannard air feadh a h-uile seirbheis	Chan eil Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan a' fastadh seirbheis eadar-theangachadh sònraichte dhan Ghàidhlig aig an àm seo.	Leanaidh Siorrachd Chlach Mhannan Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) anns gach eadar-theangachadh a nithear gus co-ionannachd spèis a thoir dhan dà chànan	Thar beatha a' phlana	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh

Section 3 - Publications

The use of Gaelic in a range of printed material can assist Gaelic development in a variety of ways. It helps increase the visibility of the language, it enhances Gaelic's status by being used in high profile publications, and it can help develop new and enhance existing terminology. The use of Gaelic in the media helps demonstrate a public authority's commitment to making important information available through the medium of Gaelic, as well as enhancing the visibility and status of the language. As more people access information about public authorities through their websites, making provision for the use of Gaelic can significantly enhance the status and visibility of the language.

Clackmannanshire Council is committed to increasing the use of Gaelic in these areas where the subject matter is of most interest to the general public or relates specifically to Gaelic issues.

Objectives	Current Status	Actions	Target Date	Lead
Increase the profile of the Gaelic language in Clackmannanshire through its printed media/ material.	Clackmannanshire Council does not currently have a policy on publishing material in Gaelic.	<p>We will develop guidance on accessing written translation and interpretation in line with our corporate translation service.</p> <p>We will provide a translated version of this plan following its approval. This will be made available on our website.</p> <p>We will identify key web pages and ensure that Gaelic is included in our Corporate website demonstrating equal respect for languages.</p> <p>On a new or replacement basis appropriate printed materials for the purpose of media/PR (such as displays and posters) will be rendered bilingual demonstrating equal respect for languages.</p>	<p>Dec 2020</p> <p>July 2020</p> <p>Dec 2020</p> <p>Over lifetime of plan.</p>	Partnership and Transformation
Comply with the rules of Gaelic Orthographic Conventions and utilise the services of Ainmean-aite na h-Alba as standard across all services.		Clackmannanshire Council will adhere to the Gaelic Orthographics Convention in all translations undertaken to demonstrate equal respect for languages.	Over the lifetime of the plan.	All services

Earrann 3 - Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cur ri faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus tha e a' cuideachadh le bhith a' cruthachadh briathrachais ùr agus a' cur ri briathrachas a th' ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' dearbhadh gu bheil an t-ùghdarras poblach airson cothrom a thoirt air fiosrachadh cudromach tron Ghàidhlig, agus a' cur ri faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Agus barrachd dhaoine a' faighinn cothrom air fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh ullachadh airson cleachdadh na Gàidhlig a bhith a' cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air rùnachadh cur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean far am biodh an ùidh a bu mhotha aig a' phoball san fharsaingeachd no far a bheil cuspairean ann a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig fhèin.

Amasan	An suidheachadh làithreach	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Stiuireadh
Cuir ri inbhe na Gàidhlig ann an Siorrachd Chlach Mhanann tro na meadhanan/stuthan clò-bhuailte aice.	Chan eil poileasaidh aig Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann mu bhith a' foillseachadh stuthan sa Ghàidhlig aig an àm seo.	<p>Cuiridh sinn stiùireadh air dòigh mu bhith a' faighinn cothrom air eadar-mhìneachadh agus eadar-theangachadh sgrìobhte an co-rèir ris an t-seirbheis eadar-theangachaidh chorporra againn.</p> <p>Cuiridh sinn tionndadh eadar-theangaichte den phlana air dòigh às dèidh dha a bhith air aontachadh. Bidh seo ri fhaighinn air an làraich-lìn againn.</p> <p>Comharraichidh sinn prìomh dhuilleagan lìn agus nì sinn cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air an làraich-làrach-lìn Chorporra, a' toirt co-ionannachd spèis dhan dà chànan.</p> <p>Bidh stuthan clò-bhuailte iomchaidh airson nam meadhanan/PR (mar eisimpleir, taisbeanaidhean no postairean) gan dèanamh gu dà-chànanach, air stèidh ùr/ùrachaidh, gus co-ionannachd spèis a nochdadh dhan dà chànan.</p>	<p>An Dùbhlachd 2020.</p> <p>An t-luchar 2020</p> <p>An Dùbhlachd 2020.</p> <p>Thar beatha a' phlana.</p>	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh
Lean riaghailtean Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig agus cleachd seirbheisean Ainmean-àite na h-Alba mar stannard air feadh a h-uile seirbheis.		Leanaidh Siorrachd Chlach Mhanann Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) anns gach eadar-theangachadh a nithear gus co-ionannachd spèis a thoirt dhan dà chànan.	Thar beatha a' phlana.	Na seirbheisean uile

Section 4 - Staffing

In order to deliver services through the medium of Gaelic, it is necessary to develop the requisite job skills and language skills of staff. The provision of language learning for staff helps promote adult Gaelic learning and promotes Gaelic as a useful skill in the workplace. The identification of jobs in which Gaelic is a designated skill will contribute greatly to the status of the language and to identifying it as a positive skill to acquire.

The use of Gaelic in advertising also helps recognise that Gaelic should be used in public life and that Gaelic users have an important role to play within a public authority. Whatever the level of Gaelic skills required it is important that authorities ensure that Gaelic is a genuine occupational requirement. Authorities should adopt and apply objective criteria to ensure appointments are made in each case on a fair and consistent basis, and reflect the identified skills needs of the post.

Clackmannanshire Council recognises the importance of seeing Gaelic as an important job skill and of identifying situations in which its use is essential or desirable. Clackmannanshire Council also recognises the importance of enabling staff to develop their Gaelic skills if they wish to do so.

Objectives	Current Status	Actions	Target Date	Lead
Carry out a survey of Gaelic language skills and interest in training amongst Clackmannanshire employees as part of the plan or within the first year of the plan.	Clackmannanshire Council has previously undertaken an initial staff audit exercise to identify % of people interested in Gaelic skills training. This identified a small group of staff interested in developing their skills.	Identify suitable taster/learning training providers and opportunities for learning for staff as part of wider learning and development planning. Raise awareness among employees via Connect of opportunities available to undertake Gaelic Language training We will repeat this audit every 3 years.	March 2021 March 2021	Partnership and Transformation
Provide Gaelic awareness training to senior staff and councillors as part of the implementation of the plan, to be rolled out to other staff engaged with the Gaelic Language Plan delivery.	No policy or provision for training for senior staff and elected members is currently in place.	Identify suitable taster/learning training providers and opportunities for learning for senior managers and elected members as part of wider learning and development planning. Raise awareness among elected members of opportunities available to undertake Gaelic Language training.	March 2021 March 2021	Partnership and Transformation
Apply a consistent planned approach to recruiting and advertising Gaelic employment posts where it is appropriate	No policy currently in place	We will adhere to guidance on Gaelic Employment Skills published by the Bord na Gaidhlig in December 2018 in relation to advertising Gaelic employment posts.	Over the life time of the plan	Partnership and Transformation.

Earrann 4 - Luchd-obrach

Gus seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach gun tèid na sgilean-obrach iomchaidh agus na sgilean cànan aig an luchd-obrach a thoirt air adhart. Tha solarachadh cothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhe agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean far a bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànan agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil buannachdail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' sealltainn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblach agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri choileanadh taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b' e dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na fìor riatanas san dreuchd. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais neo-eisimeileach a chruthachadh agus a chur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fastadh luchd-obrach anns gach suidheachadh ann an dòigh a tha cothromach agus cunbhalach, agus gu bheil e a' nochdadh nan sgilean comharraichte airson na h-obrach.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann mothachail air cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a mheas mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil cleachdadh na Gàidhlig deatamach no miannach. Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an cuid sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

Amasan	An suidheachadh làithreach	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Stiùireadh
Dèan suirbhìdh air sgilean Gàidhlig agus ùidh ann an trèanadh Gàidhlig am measg luchd-obrach Siorrachd Chlach Mhanann mar phàirt den phlana no taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana.	Rinn Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann sgrùdadh air luchd-obrach: roimhe gus faighinn a-mach dè am % aig am biodh ùidh ann a bhith a' dèanamh trèanadh Gàidhlig. Chomharraich seo buidheann bheag de luchd-obrach a bha airson an cuid sgilean a thoirt air adhart.	Comharraich solaraidhean trèanadh blasad Gàidhlig/ionnsachadh Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh iomchaidh airson luchd-obrach mar phàirt de phlanadh nas fharsainge airson ionnsachadh is leasachadh. Tog aire am measg luchd-obrach tro Connect air na cothroman a th' ann air trèanadh Gàidhlig Nì sinn an sgrùdadh seo a-rithist gach trì bliadhna.	Am Màrt 2021 Am Màrt 2021	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh
Thoir seachad trèanadh mothachaidh Gàidhlig do luchd-obrach aig àrd-ìre agus do chomhairlichean mar phàirt de chur an gnìomh a' phlana. Thèid seo a sgaoileadh do luchd-obrach eile a tha an sàs ann an libhrigeadh a' phlana Ghàidhlig.	Chan eil poileasaidh no solarachadh ann do àrd-luchd-obrach no do bhuill aig an àm seo.	Comharraich solaraidhean trèanadh blasad Gàidhlig/ionnsachadh Gàidhlig agus cothroman ionnsachadh iomchaidh airson àrd-mhanaidsearan agus buill thaghte mar phàirt de phlanadh nas fharsainge airson ionnsachadh is leasachadh. Tog aire am measg nam ball thaghte air na cothroman a th' ann air trèanadh Gàidhlig.	Am Màrt 2021 Am Màrt 2021	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh
Cuir dòigh-obrach dealbhte cunbhalach air dòigh a thaobh a bhith a' sanasachd agus a' lorg dhaoine airson obraichean Gàidhlig far a bheil sin iomchaidh	Chan eil poileasaidh ann aig an àm seo	Leanaidh sinn an stiùireadh air Sgilean Cosnaidh Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig san Dùbhlachd 2018 a thaobh sanasachd airson cosnaidhean Gàidhlig.	Thar beatha a' phlana	Com-pàirteachadh agus Cruth-atharrachadh

Chapter 3 – POLICY IMPLICATIONS FOR GAELIC

Implementation of the National Gaelic Language Plan

Clackmannanshire Council recognises that the various priority areas identified in the National Gaelic Language Plan will be primarily implemented through our Gaelic Language Plan but that opportunities will arise to promote and develop the language through existing policy measures. Clackmannanshire Council will examine current policy commitments to identify areas where Gaelic can be pro-actively incorporated and the priorities of the National Gaelic Language Plan initiated through additional methods. We see this development as corresponding to the normalisation principle which aims to include Gaelic as an everyday part of life in Scotland.

In the formation, renewal and monitoring of policies, Clackmannanshire Council will ensure that the impacts on Gaelic will be in line with the National Gaelic Language Plan.

Overview of the National Gaelic Language Plan

The National Gaelic Language Plan identifies four interlinking aspects of language development which need to be addressed, and within them sets out a number of priority action areas. These are broadly;

- Language Acquisition - Increasing the number of Gaelic speakers by ensuring the language is transferred within families and by securing effective opportunities for learning Gaelic
- Language Usage - Encouraging greater use of Gaelic, providing opportunities to use the language, and promoting access to Gaelic forms of expression.

Caibideil 3 – BUÀIDHEAN POILEASÀIDH AIR A’ GHÀIDHLIG:

A’ cur a’ Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig an Gnìomh

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tron Phlana Ghàidhlig againn, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann mar-thà. Nì Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann sgrùdadh air na gealltanasan poileasaidh làithreach againn gus cothroman a lorg annta gus a’ Ghàidhlig a chur air adhart gu for-ghnìomhach agus gus prìomhachasan Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a chur air adhart ann an dòighean eile. Tha sinn den bheachd gu bheil seo a rèir prionnsabal an àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a bhith mar phàirt làitheil de bheatha na h-Alba.

Ann a bhith a’ cur ri chèile, ag ùrachadh agus a’ sgrùdadh poileasaidhean, nì Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann cinnteach gum bi a’ bhuidhean a bheir iad air a’ Ghàidhlig a rèir Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig.

Tar-shealladh air a’ Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig

Tha am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a’ comharrachadh ceithir taobhan ceangailte de leasachadh cànain ris am feumar dèiligeadh, agus taobh a-staigh sin tha e a’ comharrachadh grunn raointean prìomhachais: San fharsaingeachd, is iad sin:

- Togail cànain - A’ meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga thoirt bho ghinealach gu ginealach taobh a-staigh theaghlaichean agus tro chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh
- Cleachdadh Cànain - A’ brosnachadh barrachd cleachdadh den Ghàidhlig, a’ toirt seachad chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air cleachdadh na Gàidhlig ann an dòighean cruthachail

- Language Status - Increasing the visibility and audibility of Gaelic, enhancing its recognition and creating a positive image for Gaelic in Scottish public life.
- Language Corpus - Strengthening the relevance and consistency of Gaelic and promoting research into the language.

Clackmannanshire Council has identified a number of key areas for development over the lifetime of the Gaelic Language plan. These are:

Language Acquisition

Provide local opportunities for children and families in Clackmannanshire to develop their use of Gaelic language.

Language Usage

Continue to provide opportunities for Gaelic medium education and making families and communities aware of local opportunities and services.

Provide opportunities for Council employees and elected members to participate in Gaelic language training and CPD where appropriate.

Language Status

Promote the visibility and status of Gaelic language through heritage, culture and the arts.

Language Corpus

Strengthen Gaelic language through promotion of the language, strengthened corporate identity in relation to Gaelic language and undertaking of research to understand the needs and demands of local people in Clackmannanshire.

Clackmannanshire's commitment to national objectives and identified areas for development are shown below;

- Inbhe cànan - A' cur ri faicsinneachd agus cluinntinneachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba.
- Corpais Cànan - neartachadh air ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig, agus a' brosnachadh rannsachadh air a' chànan.

Tha Comhairle Siorrachd Chlach Mhanann air grunn prìomh raointean leasachaidh a chomharrachadh airson a' phlana. Is iad sin:

Togail cànan

Thoir seachad cothroman ionadail do chloinn is teaghlaichean ann an Siorrachd Chlach Mhanann a bhith a' cleachdadh is a' leasachadh an cuid Gàidhlig.

Cleachdadh cànan

Cum oirnn a' toirt seachad cothroman airson foghlam tro meadhan Gàidhlig agus a' dèanamh cinnteach gu bheil teaghlaichean agus coimhearsnachdan mothachail air cothroman agus seirbheisean ionadail.

Thoir seachad cothroman do luchd-obrach agus buill thaghte na comhairle gus pàirt a ghabhail ann an trèanadh agus CPD Gàidhlig far a bheil seo ìomchaidh.

Inbhe cànan

Brosnaich faicsinneachd agus inbhe na Gàidhlig tro dhualchas, cultar agus na h-ealainean.

Corpais cànan

Nearthaich a' Ghàidhlig tro bhith a' brosnachadh na Gàidhlig, a neartachadh aithne chorporra a thaobh na Gàidhlig, agus a bhith a' dèanamh rannsachadh gus feumalachdan agus iarrtasan muinntir Chlach Mhanann a thuigsinn.

Chithear mar a tha Siorrachd Chlach Mhanann air aontachadh cur ri amasan nàiseanta agus raointean leasachaidh comharraichte gu h-ìosal:

Implementation of the National Gaelic Language Plan

National Priority	Objectives	Actions	Target Date	Lead
Language Acquisition	<p>Work in Partnership with the Gaelic Community in Clackmannanshire to promote Gaelic in early years learning.</p> <p>Actively support and promote the development of Gaelic medium education provision with Clackmannanshire;</p>	<p>Work with the Croileagan Clach Mhanainn to identify opportunities to provide learning opportunities.</p> <p>Support early years links between Riverside Primary and Menstrie Cròileagan</p> <p>Raise awareness of GME provision at Riverside within early years network</p> <p>Arrange for prospective GME parents and children to visit the Gaelic classes at Riverside Primary</p> <p>Hold Gaelic Open Mornings and widely advertise in the community</p> <p>Increase awareness of GME provision to families and communities in Clackmannanshire.</p> <p>Explore options to develop virtual learning opportunities on Gaelic Medium Education for Clackmannanshire families.</p>		Education

A' cur a' Phlana Cànain Nàiseanta Gàidhlig an Gnìomh

Prìomhachas Nàiseanta	Ceann-uidhe	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Sheirbheis/com-pàirtichean
Togail cànain	<p>Obraich ann an com-pàirteachas le Coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Siorrachd Chlach Mhanann gus Gàidhlig a bhrosnachadh ann an ionnsachadh sna tràth-bhliadhnaichean.</p> <p>Cùm taic ri, agus brosaich, a bhith a' stèidheachadh solar Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Siorrachd Chlach Mhanann ann an dòigh ghnìomhach;</p>	<p>Obraich còmhla ri Croileagan Clach Mhanainn gus cothroman a lorg gus cothroman ionnsachaidh a thoirt seachad.</p> <p>Cùm taic ri ceanglaichean sna tràth-bhliadhnaichean eadar Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne agus Cròileagan Mheanstraidh.</p> <p>Tog aire mu FtG ann am Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne taobh a-staigh lionra nan tràth-bhliadhnaichean.</p> <p>Cuir tursan air dòigh do phàrantan agus clann aig a bheil ùidh ann am FtG gus tadhal air na clasaichean ann am Bun-sgoil Taobh na h-Aibhne.</p> <p>Cùm Madainnean Fosgailte Gàidhlig agus dèan sanasachd fad is farsaing sa choimhearsnachd</p> <p>Tog aire mu sholar FtG do theaghlaichean agus coimhearsnachdan ann an Siorrachd Chlach Mhanann.</p> <p>Coimhead air dòighean gus cothroman air ionnsachadh bhiortail airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a chur air dòigh do theaghlaichean Shiorrachd Chlach Mhanann.</p>		Foghlam

National Priority	Objectives	Actions	Target Date	Lead
Language Usage	<p>Actively support and develop Gaelic learning opportunities for adults across Clackmannanshire;</p> <p>Increase the numbers of Gaelic speakers within the Clackmannanshire areas through support to classes for learners</p>	<p>Support local Gaelic communities to offer learning opportunities for adults and to support the progression of learners to post beginner Gaelic levels.</p>		<p>Education</p> <p>Education</p>
Language Status	<p>Work in partnership with the Gaelic community in the area to establish a programme of events throughout the year that promotes the status and use of Gaelic.</p> <p>Actively support existing and new Gaelic language and cultural community groups and initiatives within Clackmannanshire to help grow the profile of the language, increase usage and encourage new learners.</p>	<p>Establish links with Gaelic Community groups to support the development of communications materials and events with the aim of promoting bilingualism through Gaelic.</p> <p>Work in partnership with a range of community groups to provide Gaelic language taster/awareness sessions.</p>		<p>Education</p> <p>Education</p>

Priomhachas Nàiseanta	Ceann-uidhe	Gnìomhan	Ceann-latha Targaid	Sheirbheis/com-pàirtichean
Cleachdadh cànan	<p>Cum taic ri, agus leasaich, cothroman gus Gàidhlig ionnsachadh do dh'ìnbhich air feadh Siorrachd Chlach Mhanann.</p> <p>Cuir ri àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Clach Mhanann tro bhith a' toirt taic do chlasaichean luchd-ionnsachaidh.</p>	Thoir taic do choimhearsnachdan Gàidhlig ionadail gus cothroman ionnsachaidh a thabhann do dh'ìnbhich agus gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh gus an tèid iad seachad air ìre an luchd-tòiseachaidh.		<p>Foghlam</p> <p>Foghlam</p>
Inbhe cànan	<p>Obraich ann an com-pàirteachas leis a' Choimhearsnachd Ghàidhlig san sgìre gus prògram de thachartasan a stèidheachadh tron bhliadhna a tha a' brosnachadh inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig.</p> <p>A' toirt taic ghnìomhach do bhuidhnean Gàidhlig is buidhnean cultarach Gàidhlig seann is ùr, sa choimhearsnachd taobh a-staigh sgìre Siorrachd Chlach Mhanann, gus cuideachadh gus inbhe a' chànain a chur am follais barrachd, gus cur ri cleachdadh a' chànain agus gus luchd-ionnsachaidh ùra a bhrosnachadh.</p>	<p>Dèan ceanglaichean ri buidhnean Coimhearsnachd Gàidhlig gus taic a chumail ri bhith a' cruthachadh tachartasan agus stuthan conaltraidh leis an amas a bhith a' brosnachadh dà-chànanas tron Ghàidhlig.</p> <p>Obraich ann an com-pàirteachas le farsaingeachd de bhuidhnean coimhearsnachd gus seiseanan blasad Gàidhlig/seiseanan mothachaidh Gàidhlig a thoirt seachad.</p>		<p>Foghlam</p> <p>Foghlam</p>

CHAPTER 4 – IMPLEMENTATION AND MONITORING

Timetable

This Gaelic Language Plan will formally remain in place for 2020/25. By no later than the end of this period we will review the plan, make such amendments as necessary and submit the revised plan to the Bòrd for approval.

Scrutiny of the plan will be achieved through regular monitoring of progress set out in the Corporate Plan and Business Plans and through regular updates to Council Committees. Additionally progress reports on implementation of this plan will be prepared and published in line with requirements set out by the Bòrd na Gàidhlig.

CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil bho 2020-25. Ro dheireadh an ama seo, nì sinn ath-sgrùdadh air a’ Phlana, nì sinn atharrachadh sam bith a tha a dhìth air agus cuiridh sinn am plana ùraichte do Bhòrd na Gàidhlig airson aonta.

Thèid am plana a sgrùdadh gu cunbhalach tro mheasadh cunbhalach air adhartas mar a tha air a mhìneachadh anns a’ Phlana Chorporra agus anns na Planaichean Gnìomhachais agus tro ùrachaidhean cunbhalach do Chomataidhean na Comhairle. Thèid aithisgean adhartais a bharrachd air cur an gnìomh a’ phlana seo ullachadh agus fhoillseachadh a rèir riatanasan a tha air an stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig.